


Làithean-Saora na Càisge 2020

Dùbhlán Matamataig an Leas
Phrìomh Mhinisteir



The Scottish
Mathematical
Council



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Fàilte chun an Dùbhlain Matamataig Làithean-saora na Càisge

'B e Diluain fuar sa Mhàrt a bh'ann nuair a bha a' chlann a' dol chun a chlas ach bha e coltach gun robh an t-Earrach a' tighinn air sgàth 's gun robh na làithean a' fàs caran nas soilleire agus nas fhaide.



Anns a chlas, dh' iarr an tidsear air a' chlann, na rudan as fheàrr leotha mu dheidhinn an t-Earrach innse.



Tha na rudan seo mu dheidhinn an t-Earrach uile mìorbhaileach. Smaoinich mu dheidhinn dòighean spòrsail airson geamannan agus tòimhseachain a dhèanamh mu dheidhinn an t-Earrach agus matamataig agus dùbhlain – agus 's dòcha cleas airson làithean-saora na Càisge airson sealltainn dha do charaidean agus do theaghlach!



OK ma tha!




Dh'obraich a chlann còmhla agus chruthaich iad gnìomhan airson a shealltainn dhan chlas... agus dhutsa cuideachd. Chòrdadh e riutha nam feuchadh tu iad. Ma tha thu airson... carson nach dèan thu geama no gnìomh thu fhèin?

Tòimhseachan 1 – Leughadair Inntinn Matamataigeach

Halò!

Is mise Numerico an leughadair inntinn matamataigeach! Seall seo – smaoinich mu dheidhinn àireamh eadar 1 is 20, sgrìobh e sìos air pìos pàipear agus paisg e – na innis ri duine sam bith dè a th'ann.



Nise, dèan seo (agus cuimhnich, cùm am falach e!)

Cuir-ris 1 ris an àireamh agad.

Dùblaich an àireamh sin.

Cuir-ris 4 ris an àireamh ùr agad.

Nise, dean dà leth air an àireamh agad.

Is mise Numerico an leughadair inntinn matamataigeach. Coimhead air am pìos pàipear agad agus thoir-air-falbh an àireamh a bh'agad aig an toiseach bhon àireamh ùr agad.

Sgrìobh sìos am freagairt deireannach agad.

'S e 3 am freagairt agad!

Feuch seo a-rithist le diofar àireamhan eadar 1 is 20. A bheil am freagairt an còmhnaidh 3?

Cuir iongnadh air do charaidean is do theaghlach le bhith a' leughadh an inntinn agus innse dhaibh gur e 3 an àireamh deireannach!

Tòimhseachan 2 – Flùraichean Sùim


Halò, Is mise Susaidh. 'S e neòneanan-grèine agus a' cur-ris an dà rud às fheàrr leam. Thagh mi an àireamh 70 chionn 's gu bheil 70 diofar neòneanan-grèine ann agus rinn mi geama leis. Feuch e, leat fhèin no le daoine eile!

Seo mar a chluicheas tu:

Tha àireamh aig gach neònean-grèine gu h-ìosal. Tha 3 mionaidean agad. Cia mheud seat de àireamhan as urrainn dhut a lorg a tha a' dèanamh an sùim 70? Is urrainn gach àireamh neòinein-grèine a chleachdadh aon turas gach sùim.

Mar eisempleir, ma tha thu a' cur-ris 24, 26 agus 20, bidh thu a' faighinn 70.

Nuair a tha thu a' cluich an geama seo nas trice, bidh thu a' fàs nas luaithe.



Tòimhseachan 3 – Iseag no Slighe “ugh”-mach

Geama airson 2 cluicheadair

Tha feum agad air 3 cupannan, dèideag de iseag, ugh, pìos pàipear agus peann airson an sgòr a chumail.

Bidh an geama air a chluich mar seo, cuir an iseag ann an cupa agus cuir an ugh ann an cupa eile. Faodaidh tu a chluich leis na cut-outs no le dà bhall le dathan diofraichte.

Bidh cluicheadar 1 a’ gluasad na cupan mun cuairt airson 15 diogan.

Bidh cluicheadar 2 a’ tomhais càite bheil an cupa leis an iseag.

Ma tha iad ceart, bidh iad a’ faighinn 1 puing.

Ma tha an cupa falamh, 0 puing.


Ma gheibh iad an ugh – tha iad a-mach (“ugh”-mach!) às a’ gheama.

Bidh cluicheadair 1 agus 2 a’ dèanamh suaip nuair a tha an ugh air a thaghadh.

Nuair a tha gach cluicheadair air a bhith a’ dol a-mach 3 tursan, cuir-ris na sgòraichean gu h-iomlan airson am buannaiche ainmeachadh.




Ro fhurasta? Feuch seo ma tha:



A bheil e nas fhasa no nas duilghe iseag a thaghadh an àite ugh san dreach seo?


Ma tha thu nad bhuannaiche...
Feuch seo:




A bheil e nas fhasa no nas duilghe iseag a thaghadh an àite ugh san dreach seo?

Dèan liosta no dèan dealbh de na diofar dhoighean a ghabhas na cupannan a chuir air dòigh.

Seo agaibh 2 dhòigh:



Cia mheud a tha ann gu h-iomlan?



Tòimhseachan 4 – Grèim Glasraich an Lot



Tha Ellie is Teàrlaidh measail air gàirneileachd agus a bhith a' fàs glasraich agus flùraichean.

Tha lot aig an dithis aca agus tha iad air a chuir a-mach ann an cliath de cheàrnagan airson an tòimhseachan seo.

Tha tòimhseachan agus dùbhlain a' còrdadh ri Ellie is Teàrlaidh. Chruthaich iad geama air do shon stèidhichte air na glasraich air an lot aca. Bidh 2 chluicheadar a' falach 4 currain air na cliathan aca – gun a bhith a' sealltainn dha chèile. Tomhais an ceàrnag far a bheil thu a' smaoinichadh gu bheil curran a' fàs. Ma tha thu ceàrr, bidh an cluicheadar eile ag ràdh 'mhiosaig thu!'. Ma tha thu ceart – bidh an cluicheadar eile ag ràdh 'Bhuail thu!' agus bidh iad a' cur 'x' air a' cheàrnag sin.

Tha mi a' tomhais C2.

Bhuail thu! Tha mi a' tomhais A6.




Leis gun robh am freagairt aig Teàrlaidh ceart le C2, feumaidh Ellie 'X' a chuir sa cheàrnag sin.

'S e an neach a lorgas currain an neach eile an toiseach a tha a' buannachadh.


1								
2			X					
3								
4								
5								
6								
7								
8								
	A	B	C	D	E	F	G	H

Tha an t-àm agadsa airson an geama seo a chluich!

1								
2								
3								
4								
5								
6								
7								
8								
	A	B	C	D	E	F	G	H



1								
2								
3								
4								
5								
6								
7								
8								
	A	B	C	D	E	F	G	H



Air a thoirt seachad do sgoilearan ann an Clas 4 ann an Alba airson spòrs matamataig leis an teaghlach aig làithean-saora na Càisge.

Air a leasachadh le Comhairle Matamataig na h-Alba airson Riaghaltas na h-Alba.

Thèid na freagairtean agus dòighean-obrach fhoillseachadh aig blogs.gov.scot/making-maths-count bho 10 Giblean 2020.

Pàrantan agus luchd-cùraim

Thèid gu Parentzone Alba www.education.gov.scot/parentzone agus Parent Club www.parentclub.scot airson dòighean eile spòrs a bhith gaibh le matamataig agus àireamhachd.

Dè as urrainn dhut dèanamh mar phàrant neo neach-cùraim

- Cluich geamannan-bùird! Tha matamataig an lùib iomadh geama: dh'fhaodadh seo a bhith a' cunntais cèarnagan, a' lorg sreathan, a' gluasad gu diofar thaobhannan, a' rannsachadh coltachd le bhith a' roiligeadh dìsnean neo a' dèiligeadh chairtean, agus a' leantail loidig agus riaghailtean.
- Cluich tòimhseachain agus geamannan a chleachdas tòimhseachain. Mar eisimpleir: Neoinithan agus Croisean, Guess Who?, Sudoku, Dominothan, Battleships agus Tàileasg. Tha iad seo a' cleachdadh smaoineachadh ro-innleachdail, a' fuasgladh cheistean, agus planadh, a bharrachd air na sgilean eile gu h-àrd.
- Bheir clan a-steach do ghnìomhan a tha a' cleachdadh matamataig. Mar eisimpleir, tha còcaireachd gu tric ag iarraidh uireadan agus tomhas a bharrachd air cumaidhean, uairichean agus teòthachdan. Nuair a tha thu a' dol dhan bhùth tha thu a' faicinn prìsean, a' cunntais airgead agus a' coimhead air na dèitan (na ceann-làithean).
- Dèan tuairmse air rudan a chuir còmhla: “Saoil cia mheud ceum a th'ann an seo?”
- Planaig turasan còmhla, a' coimhead air mapaichean agus clàraichean-àma, agus bruidhinn mu dheidhinn astaran.
- Bruidhinn mu dheidhinn matamataig ann an dòigh a tha a' sealltainn gur toigh leat e, agus mar sin smaoinichidh ur pàiste mar sin cuideachd!